# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
*Press Release*

***PLEASE SCROLL DOWN FOR ENGLISH VERSION***

**Airson Sgaoileadh sa bhad**

**08/03/2016**

**Dreuchd ùr, Stiùiriche Foghlam na Gàidhlig, ga stèidheachadh aig Bòrd na Gàidhlig**

Chaidh co-dhùnadh a dhèanamh aig coinneamh a' Bhùird an t-seachdain sa chaidh gun tèid dreuchd, Stiùiriche Foghlam na Gàidhlig, a stèidheachadh taobh a-staigh Bhòrd na Gàidhlig.

Bidh an neach a gheibh an dreuchd a' stiùireadh poileasaidhean foghlaim Bhòrd na Gàidhlig aig ìre ro-innleachdail, a' toirt comhairle do Riaghaltas na h-Alba air foghlam na Gàidhlig, ag obair còmhla ri Ùghdarrasan Ionadail is buidhnean com-pàirteach eile gus amasan a' Bhùird a thoirt gu buil, agus a' stiùireadh na h-obrach a bhios aig a' Bhòrd ri linn dhleastanasan ùra a tha tighinn air fo Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016.

Thuirt Ceannard Eadar-amail Bhòrd na Gàidhlig, Brus Robasdan: "Bidh an dreuchd seo fìor chudromach do dh'fhoghlam na Gàidhlig aig ìre nàiseanta. Bidh pàirt glè mhòr aig an neach a gheibh an dreuchd seo ann a bhith toirt amasan is cinn-uidhe foghlaim gu buil, amasan a tha gu math riatanach do dh'obair Bhòrd na Gàidhlig aig ìre ro-innleachdail.

"Bidh an neach a gheibh an dreuchd seo a' stiùireadh sgioba foghlaim a' Bhùird agus iad a' coileanadh amasan a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig. Bidh an Stiùiriche ùr cuideachd a' togail cheanglaichean feumail is maireannach aig ìre ionadail agus nàiseanta leis gach iomadh buidheann a tha an sàs ann am foghlam na Gàidhlig agus gnothaichean Gàidhlig eile."

Thèid sanasan airson na dreuchd seo a sgaoileadh le Bòrd na Gàidhlig thairis air an ath mhìos.

**DEIREADH**

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
*Press Release*

**Airson tuilleadh fiosrachaidh mun bhrath-naidheachd seo, cuiribh fios gu Steven MacÌomhair, am Manaidsear Corporra is Conaltraidh aig Bòrd na Gàidhlig, aig steven@gaidhlig.org.uk no air 07595763071.**

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
*Press Release*

**For Immediate Release**

**08/03/2016**

**Director of Gaelic Education post to be established at Bòrd na Gàidhlig**

A decision to establish a Director of Gaelic Education within Bòrd na Gàidhlig was taken at a board meeting of the organisation last week.

The post holder will set the strategic direction of Bòrd na Gàidhlig's education policy, advise the Scottish Government on Gaelic education, work with Local Authorities and other delivery agents to achieve the Bòrd's aspirations and take a lead on the new statutory obligations on the Bòrd through the Education (Scotland) Act 2016.

Bòrd na Gàidhlig interim CEO, Bruce Robertson said: "This will be an extremely important post in terms of Gaelic education nationally. The post will be paramount in delivering the educational aims and objectives which are critical to the overall strategic work Bòrd na Gàidhlig.

The successful candidate will lead the Bòrd's education team in delivering the aims of the National Gaelic Language Plan and also build effective and sustainable relationships at both local and national levels with the many organisations involved in delivering education and other Gaelic activities."

This post will be advertised by Bòrd na Gàidhlig over the next month.

**ENDS**

**For more information about the content of this press release, contact Steven MacIver, Corporate and Communications Manager at Bòrd na Gàidhlig, by e-mailing steven@gaidhlig.org.uk or by phoning 07595763071.**